

## Proiseact Leughaidh Gàidhlig. Fios do sgoiltean is luchd-teagaisg.

Le ur cead, leugh am fiosrachadh a leanas gu furachail agus bruidhinn mu dhèidhinn ri feadhainn eile mas e sin ur miann. Ma tha càil ann nach eil soilleir no ma tha barrachd fiosrachaidh a dhith oirbh cuir fios thugainn. Na bi ann an cabhaig tighinn gu co-dhùnadh a thaobh bhith gabhail pàirt anns a’ phroiseact. Mòran taing airson seo a leughadh.

### Cò nì an sgrùdadh?

Tha am pròiseact seo air a stiùireadh leis an Ollamh Sarah NicGuire (Oilthaigh Manchester) agus an Ollamh Fiona Lyon (Neach coimhearlachaidh neo-eiseamalach ann am fòghlam).

### Tìotal an rannsachaidh.

Sgrùdadh de sgilean leughaidh cloinne ann am fòghlam troimh mheadhon na Gàidhlig.

### Cìod e amas an rannsachaidh?

Is e ar n-amas sgilean leughaidh cloinne a thomhas rè na bun-sgoile. Ged a tha fòghlam troimh mheadhan na Gàidhlig air a bhith ann an sgoiltean o mheadhon na h-ochdadan, chan eil dòigh chunbhalach air leughadh a mheas ri fhaighinn fhathast. Tha sinn an dòchas gun cuidich ar n-obair leis a seo ri tìde. Tha sinn an dòchas a dhol an com-pàirt ri uidhir de luchd-teagaisg is sgoiltean as urrainn duinn. Bithidh sinn ag amas air clann-sgoile ann am prìomhan 3,4,5, 6 agus 7 gun urrainn duinn deuchainn leughaidh dìongmholta is aontaichte a chruthachadh.

### Carson a chaidh mise a thaghadh?

‘S urrainn don a h-uile sgoil a tha a’ tairgsinn fòghlam troimh mheadhan na Gàidhlig com-pàirt a ghabhail anns an rannsachadh seo. A chionns gu bheil sibh a’ teagasg ann an leithid de sgoil tha sinn a’ tairgsinn cothrom dhuibh a bhith an lùib an rannsachaidh seo. Bithidh ur com-pàirteachas na thaic mhòr dhuinn.

Bu choir gun leig an t-eòlas a chruinnicheas sinn le luchd-teagaisg troimh mheadhan na Gàidhlig an cuid obrach a neartachadh le bhith ag aithneachadh duilgheadasan leughaidh aig ìre thràth.

### Dè tha seo a’ ciallachadh airson a’ chlas agam?

Tairgidh sinn treanadh do luchd-teagaisg a tha miannachadh bhith sàs ann an rannsachadh. Bheir iad sin cothrom dhuit d’ eòlas air measaidhean leughaidh a leudachaidh agus eòlas a chuir air stuthan a’ phroiseict. Tha sinn an dùil na seiseanan trànaidh a chumail tràth ann an 2015.

A’ tòiseachadh ann an 2015 gabhaidh clann ann am prìomhan 3,4,5, 6 agus 7 pàirt anns an sgrùdadh. Gheibh pàrantan no luchd-cùraim na cloinne litir tron sgoil a’ toirt dhaibh fiosrachadh mun phròiseact. Feumaidh freagairt don litir seo bhith air a tilleadh don sgoil a’ comharrachadh aonta no eas-aonta ri com-pàirteachas gach pàisde mus tòisich am measadh.

Nì thu an deuchainn leis gach pàisde aon-ri-aon. Mairidh gach measadh 50 mionaid aig a' char as fhaide ( mar is trice nas dlùithe ri 30 mionaid) ann an àite sàmhach anns an sgoil. Gu ruige seo tha an gnothach air còrdadh ris a' chloinn is iad a' faighinn toileachais bho bhith aon-ri-aon ris an neach-teagaisg agus a bhith air chothrom an sgilean leughaidh a thaisbeanadh. Ma tha pàisde sam bith a' coimhead draghail no mi-thoilichte bu choir am moladh, taing a thoirt dhaibh is crìoch a chuir a' mheasadh. Bithidh dà cho-òrdanaiche againn air fhasdadh ann an 2015 a bheir taic is a fhreagras ceistean ann an cabhaig.

### **Dè thachras don fhiosrachadh a thèid a chruinneachadh?**

Bithidh sinn a' faighneachd do sgoiltean am fiosrachadh bho na deuchainnean leughaidh ann am bliadhnachan eadar-dhealaichte a thionail agus a thilleadh rè ùine ris a' cho-òrdanaiche aca. Bithidh am fiosrachadh seo air leth feumail airson prìomh amas an rannsachaidh seo a choilionadh. Tha dùil againn am fiosrachadh a chumail agus is dòcha feum a dhèanamh dheth anns an àm ri teachd, a' gabhail os laimh barrachd mion-sgrùdaidh.

### **Ciamar a chumar dìomhaireachd?**

Anns a' ghèarr ama feumaidh sinn nota chumail de ainmean na cloinne rè a' mheasaidh ach mus bi mion-sgrùdadh dèanta thèid an ainmean a dhubhadh as. Tha seo a' ciallachadh gu faod pàisdean tighinn as a' phroiseact aig am sam bith fhads a tha am fiosrachadh ga chruinneachadh. Bithidh am fiosrachadh air a ghleidheadh gu h-eileactronigeach ann an uidheaman teàrainte. Cha bhi ainmean pearsanta air am foillseachadh ann an aithisgean. Cha leig sinn fios mu phàisdean fa leth ma sgaoil do neach sam bith. Ged a bhiodh pàrantan is luchd-cùraim miannach air fios fhaighinn air mar a rinn na pàisdean aca, tha sinn a' comhairleachadh a chionns gu bheil an obair seo aig ìre thràth nach biodh e iomchaidh aithisgean a thoirt seachad air mar a chaidh do sgoilearan fa leth.

### **Dè thachras mur eil mi 'g iarraidh pàirt a ghabhail no ma dh'atharraicheas mi m' inntinn?**

Tha sin gu tur an urra riut fhèin . Ma dh'aontaicheas tu pàirt a ghabhail anns a' phroiseact gheibh thu am bileag fiosrachaidh seo agus thèid iarraidh ort d' ainm a chuir ri duilleag-aontachaidh. Ged a dh'aontaicheas thu pàirt a ghabhail bithidh tu fhathast saor tarraing as gun adhbhar sam bith a thoirt seachad, suas gus an am a thèid litrichean ceadachaidh gu pàrantan no luchd-cùraim na cloinne. Ged is ann ainneamh a thachras e, nuair nach urrainn do neach-teagaisg leantainn leis a' phròiseact troimh dhroch shlàinte mar eisimpleir, bhitheamaid an dòchas fuireach an com-pàirt leis an sgoil agus neach-teagasig eile thoirt air bòrd airson an obair a choilionadh.

### **Dè bhuanachd a gheibh mi as an obair seo?**

Foillsichidh sinn aithris air an sgrùdadh a tha a' toirt còmhla prìomh cho-dhùnaidhean an rannsachaidh agus a tha a' toirt sealladh air mar a rinn sgoilearan anns na h-ìrean a bha gan sgrùdadh. Bithidh dà sheisean trànaidh air an tairgsinn do luchd-teagaisg a tha deònach a bhith an-sàs anns an rannsachadh. Cuiridh ur cuid obrach gu dìreach ri bhith deasachadh dòigh chunbhalach air sgilean leughaidh ann am fòghlam troimh mheadhan na Gàidhlig a mheas.

Cuidichidh an rannsachadh seo le bith deasachadh innealan measaidh a chleachdas luchd-teagaisg le cloinn agus a chomharraicheas pàisdean aig a bheil duilgheadasan ann an leughadh. Bu choir gu leig seo le sgoiltean taic iomchaidh a thairgsinn don chloinn cho luath sa ghabhas.

### **Dè tha seo a' ciallachadh airson an sgoil agam?**

An co-bhonn leis gach sgoil, deasachaidh sinn plana rannsachaidh airson an sgoil sin. Tha seo a' ciallachadh gur dòcha ann an aon sgoil gur e aon neach a ghabhas an obair os làimh ach ann an sgoiltean eile bhitheadh e na bu riatannaiche caigeann a bhith a sàs anns an obair. Nì an t-innleachd seo a' phròiseact iomchaidh airson sgoiltean a tha a' tairgsinn fòghlam troimh mheadhan na Gàidhlig agus seachnadh e cus uallaich laighe air na sgoiltean.

### **An tèid co-dhùnidhean an rannsachaidh fhoillseachadh?**

Tha sinn an dùil gun cuir co-dhùnidhean an rannsachaidh ri foillsichidhean acadamaiceach, taisbeanaidhean aig co-labhairtean agus gum bi iad air an cruthachadh mar inneal no innealan measaidh ann an an sgilean leughaidh ann am fòghlam troimh mheadhan na Gàidhlig a dh'fhaodas sgoiltean chuir gu feum.

### **An d' fhuair an rannsachadh seo cead?**

Tha an rannsachadh seo air ceud modhannach fhaighinn bho Oilthaigh Mhanchester. Tha sinn air cead fhaighinn bhon Ùghdarras Ionadail agaibh agus tha an sgoil agaibh air aontachadh pàirt a ghabhail anns an rannsachadh. Bithidh gach neach a thig an làthair nam pàisde air ballrachd PVG fhaighinn bho Disclosure Scotland.

### **Ma tha ceist agam no uallach orm?**

Cuir fios don Ollamh NicGuairre aig an t-sèoladh os ìosal ma tha ceistean agaibh no iarrtas air barrachd fiosrachaidh.

Dr. Sarah MacQuarrie

Manchester Institute of Education

Ellen Wilkinson Building

The University of Manchester

Manchester, M13 9PL

Tel 0161 27 53408

Email: [sarah.macquarrie@manchester.ac.uk](mailto:sarah.macquarrie@manchester.ac.uk)

If there are any issues regarding this research that you would prefer not to discuss with members of the research team, please contact the Research Practice and Governance Co-ordinator by either writing to 'The Research Practice and Governance Co-ordinator, Research Office, Christie Building, The University of Manchester, Oxford Road, Manchester M13 9PL', by emailing: [Research-Governance@manchester.ac.uk](mailto:Research-Governance@manchester.ac.uk), or by telephoning 0161 275 7583 or 275 8093